


---

# Maoin Eadar-nàiseanta nan Ceithir Nàiseanan

Stiùireadh airson tagradh  
An Lùnastal 2023



ALBA | CHRUTHACHAIL



## Mun mhaoin

Tha COVID-19, Brexit, agus staing cosgais a' bhith-beò air a bhith dùbhlànach a thaobh obair eadar-nàiseanta. Tha luchd-ealain air feadh na RA fhathast ag iarraidh co-obrachadh le an coimpièan timcheall an t-saoghail agus fhuaras eisimpleirean cumhachdach de cheangal is iomlaid didseatach, a bharrachd air dòighean ùra air obair còmhla ann am pearsa, fhad 's a bhios sinn a' toirt barrachd aire dar buaidh gnàth-shìde.

**Tha an dàrna cuairt seo de Mhaoin Eadar-nàiseanta nan Ceithir Nàiseanan deasaichte mar bhrosnachadh dha co-obrachadh ann am pearsa, didseatach agus measgachadh dhiubh seo:**

- eadar luchd-ealain, luchd-cleachdaidh cruthachail agus buidhnean às na ceithir nàiseanan thairis air an RA

**agus**

- an coimpièan stèidhichte san Roinn Eòrpa agus nas fhaide thall.

Tha raointean ealain is cultair ann an ceithir nàiseanan na RA a' soirbheachadh le co-obrachadh agus iomlaid eadar-nàiseanta. Tha a' mhaoin seo a' toirt cuireadh do luchd-ealain, proifeiseantaich chultarach agus buidhnean beachdachadh air càit an gabhadh cur ris a' cho-obrachadh sin le obair nas dlùithe eadar Sasainn, Èirinn a Tuath, Alba agus a' Chuimrigh.

'S e maoin phileatach a th' ann am Maoin Eadar-nàiseanta nan Ceithir Nàiseanan le co-sheilbheachd bho Arts Council England, Arts Council Northern Ireland, Arts Council Wales/ Wales Arts International agus Alba Chruthachail.

Tha buidseat luach £320,000 ann don dàrna cuairt seo, agus tha dùil againn 40 gu 50 tabhartas a lìbhrigeadh gu h-iomlan feadh Shasainn, Èirinn a Tuath, Alba agus a' Chuimrigh.

Às leth comhairlean ealain nan ceithir nàiseanan, tha Alba Chruthachail a' stiùireadh agus a' rianachadh na maoin seo. Mar sin, bidh a' mhaoin seo fo dhligheachas Lagh na h-Alba, agus bidh pròiseasan agus dòighean-obrach coithcheann Alba Chruthachail a' buntainn.

Bidh comhairlean ealain nan ceithir nàiseanan ag obair còmhla ann an co-dhùnadh na maoin. Thathar a' cur fàilte air tagraidhean bho air feadh ceithir nàiseanan na RA. Thèid co-dhùnaidhean a dhèanamh a' cleachdadh slatan-tomhais na maoin (a chìthear san earrann 'Co-dhùnadh' san Stiùireadh) agus a bhios ag amas air a bhith riochdachail de dh'iom-chultar agus cruth-tìre nan ceithir nàiseanan.

## Amasan a' phrògram

- **A' toirt taic do chothroman leasachaidh eadar-nàiseanta** airson luchd-cleachdaidh cultarach fa leth agus/no buidhnean stèidhichte san RA.
- **Ag altram barrachd co-obrachaidh** eadar luchd-cleachdaidh agus/no buidhnean cultarail an Sasainn, Èirinn a Tuath, Alba agus a' Chuimrigh, agus cuide ri com-pàirtichean eadar-nàiseanta san Roinn Eòrpa agus nas fhaide thall.
- **A' rannsachadh eisimpleirean ùra ann an co-obrachadh** eadar-nàiseanta, gu h-àraid a' feuchainn dòighean meanmnach de dh'obair a tha a' tabhainn freagairtean ùra is dèimhinneach tro cho-obrachadh eadar-nàiseanta ri cùisean ion-ghabhalachd, co-obrachadh cothromach is uallach àrainneachd. Tha sinn a' cur fàilte air pròiseactan a lùghdaicheas droch bhuidhean àrainneachdail agus a bhrosnaicheas feadhainn fhàbharach. Tha sinn a' cur fàilte cheudna air pròiseactan a bhios ag iarraidh obair còmhla ri luchd-cleachdaidh cultarail aig a bheil eòlas air fògradh agus/no eòlas air ceàrnan sa bheil cogadh no san robh cogadh ann roimhe.

## Cia mheud a tha ri fhaotainn?

Tha buidseat iomlan de £320,000 ri fhaighinn airson na cuairt seo. **Faodaidh tagraichean eadar £1,000 is £7,500 iarraidh, agus cosgaisean inntigidh a bharrachd air seo.**

Chaidh an stairsneach seo a mheudachadh o £5,000 sa chuairt roimhe mar shamhla air na cosgaisean nas motha aig co-obrachadh eadar-nàiseanta agus airson luchd-ealain is luchd-cleachdaidh a' phròiseict (agus an luchd-stiùiridh aige) a phàigheadh gu ceart.

Chan eil riatanas ann airson maoin eachadh co-ionann, ach ma ghabhas tu a-steach maoin eachadh co-ionann dearbhte o chom-pàirtichean an lùib an tagraidh, bu chòir dhuibh dèanamh cinnteach gun deach a dhearbhadh ann an sgrìobhadh.

**Tha dùil againn 40-50 tabhartas a libhrigeadh** sa chuairt seo, agus bidh sinn ag amas air iomadachd chultarach is chruinn-eòlach nan ceithir nàiseanan a ghabhail a-steach, le sreath de riochdan-ealain.

## Cò a dh'fhaodas tagradh?

**Gus a bhith ion-ròghnach, feumaidh gum bi tagraichean:**

- Ochd bliadhna deug a dh'aois no nas sine
- Stèidhichte ann an aon de na ceithir nàiseanan san RA - Sasainn, Èireann a Tuath, a' Chuimrigh no Alba.
- Nan neach-cleachdaidh chruthachail ag obair sna gnìomhachasan ealain is cruthachail no mar bhuidhinn ag obair sna gnìomhachasan ealain is cruthachail.
- Aig a bheil cunntas banca na RA fon ainm fhèin.

**Agus feumaidh iad:**

- Gealltanas dearbhte bho co-dhiù aon com-pàirtiche ealanta no cruthachail stèidhichte ann an aon de na ceithir nàiseanan eile - Sasainn, Èirinn a Tuath, a' Chuimrigh no Alba (faodaidh seo a bhith mar neach fa leth no buidheann)
- Gealltanas bho chom-pàirtiche eadar-nàiseanta ealanta no cruthachail (faodaidh seo a bhith mar neach fa leth no buidheann).

Chan fhaod ach aon phrìomh com-pàirtiche à tè de na ceithir dùthchannan san RA tagradh a chur a-steach às leth gach com-pàirteachas. Cha bhi iomadh iarrtas airson na h-aon gnìomhachd bho dhiofar chom-pàirtichean ion-ròghnach. **Chan fhaod tagraiche ach aon mholadh a chur thugainn mar phrìomh chom-pàirtiche don chuairt seo.** Gabhaidh am prìomh chom-pàirtiche uallach ionmhasail is aithrisidh don phròiseact.

Cuiridh a' mhaoin seo prìomhachas air taic do dhaoine fa-leth agus dha na buidhnean sin aig nach eil inbhe chunbhalach de mhaoineachadh bho gin de na sgeamaichean maoin eachaidh aig na comhairlean ealain a leanas: *Buidhnean Uallaich Roinneil aig Arts Council England; Prògram Maoineachaidh Bhiadhna aig Arts Council Northern Ireland; Arts Portfolio Wales aig Arts Council Wales; agus Buidhnean a Mhaoineachair gu Cunbhalach aig Alba Chruthachail.* Cha toirmisg seo tagraidhean o chom-pàirteachasan sa bheil buidheann ga mhaoineachadh gu cunbhalach; ach, tha dùil againn ri an luach a bharrachd a bheir buidheann fo mhaoineachadh cunbhalach leis chun a' chom-pàirteachais fhaicinn.

## Dè na seòrsaichean-ealain a mheasar?

Tha sinn comasach air iarrtasan a mheas bho luchd-cleachdaidh agus buidhnean cruthachail ag obair thar fharsaingeachd dhiofraichte de seòrsaichean-ealain, a' gabhail a-steach:

- Ealain ioma-chuspaireach
- Litreachas
- Ceòl
- Dealbhan-cluiche
- Dannsa
- Ealain-shùla
- Ceàird
- Ionnsachadh Cruthachail / Clann is Òigridh

Thoiribh fa-near nach eil an liosta seo deimhinnte. Ma tha ceistean ann mu ion-ròghnachd gus tagradh a dhèanamh, cuiribh fios thugainn (faic **Duilleag 13**).

## Cò air a ghabhas a' mhaoin a chleachdadh?

Faodaidh iarrtasan a bhith airson gnìomhachd làthaireil, dhidseatach no thar-chinealach am measg nan seòrsachan a leanas:

- Iomlaidean
- Muinntireas
- Leasachadh com-pàirteachais
- Co-chruthachadh
- Lìonrachadh

**Bheirear prìomhachas do dh'iarrtasan a tha a' feuchainn eisimpleirean ùr-ghnàthach de cho-obrachadh eadar-nàiseanta.**

Faodar a' mhaoin a chleachdadh airson aon no na h-uile de na leanas:

- Leasachadh cleachdaidh ealanta tro obair air feadh na RA agus gu h-eadar-nàiseanta
- Co-obrachadh còmhla ri agus ag ionnsachadh bho luchd-ealain, luchd-cleachdaidh cruthachail agus buidhnean air feadh na RA agus gu h-eadar-nàiseanta
- Leasachadh tràth-chàirdeas le luchd-ealain, luchd-cleachdaidh cruthachail agus buidhnean le sealladh san fhad-ùine de leasachadh mhargaidhean is luchd-amhairc air feadh na RA agus gu h-eadar-nàiseanta airson obair is a' togail ìomhaigh gu h-eadar-nàiseanta.
- Iomlaid de phrìomh dhaoine cruthachail gus beachdan no càirdeasan ùra a leasachadh.

Feumaidh tagraichean a bhith comasach a shealltainn gealltanais dhan gnìomhachd a chaidh a mholadh bho chom-pàirtichean eile an tagraidh - co-dhiù aon com-pàirtiche às aon de na ceithir nàiseanan eile agus co-dhiù aon com-pàirtiche eadar-nàiseanta. Fòghnaidh post-d no litir bhon chom-pàirtiche. Chan eil maoineachadh co-ionann riatanach, ach ma nì sibh luaidh air maoinean dearbhte eile, tha dùil againn ri fianais le litrichean taice airson nam maoinean seo.

## Gnìomhachd dha nach gabh tagradh a chur a-steach

- Pròiseactan nach eil ceangailte ris na h-ealain
- Buanachadh de phròiseact am bith gun eileamaidean ùra follaiseach sam bith
- Saothrachadh film no bhideo agus taisbeanadh taighe-deilbh, mura h-eil e a' toirt taic do dh'obair luchd-ealain san ìomhaigh ghluasadach (a' gabhail a-steach film is bhideo)
- Pròiseactan a' buntainn ri cùrsa sgrùdaidh no cìsean oideachais ann an sgoil, colaiste no oilthigh
- Teisteanasan creideasachta
- Pròiseactan a bhios a' gabhail àite no a' tòiseachadh ron cheann-latha cho-dhùnaidh fhoillsichte.
- Tachartasan togail airgid, leithid fèilltean carthannais
- A' ceannach uidheam is ionnsramaidean
- Pròiseactan ann an suidheachadh fhoghlaim fhoirmeil airson adhbharan foghlaim a tha riatanach fo lagh.
- Pròiseactan a tha a' cumail taic ri ealain choitcheann no gnìomhachdan cruthachail ann an suidheachaidhean sgoile.
- Pròiseactan aig a bheil prìomh-fhòcas air leasachadh sòisealta (cha mheas sinn an tagradh ion-ròghnach mura h-eil fòcas a' phròiseict sa mhòir-chuid is gu soilleir ealanta no cruthachail)

## Cosgaisean nach gabh a thoirt a-steach

- Cosgaisean/gnìomhachd a tha fo mhaoineachadh eile mar-thà
- Cosgaisean coitcheann ruithe agus rianachd a tha gam pàigheadh le teachd a-steach eile, a' gabhail a-steach na maoinean agaibh fhèin
- Cosgaisean rianachd leantainneach a' buntainn ri uidheam no togalaich, leithid àrachais is cosgaisean obair-ghlèidhidh

## Nòta mu dheidhinn pàighidh cheart

Tha dùil gum pàigh gach tagraiche iad fhèin is càch an sàs anns a' phròiseact gu cothromach. Tha dùil againn gum pàigh tagraichean an Tuarastal Bith-beò Nàiseanta aig a' char as lugha, agus gum bi iad soilleir mun a h-uile cosgais a riarachas iad sna buidseatan aca co-cheangailte ri pàigheadh dhaoine a tha an-sàs sa ghnothach. Cha bhi sinn ag òrdachadh ìrean pàighidh nuair a tha sinn a' fastadh, ag obair le agus/no a' coimiseanadh luchd-ealain agus luchd-cleachdaidh chruthachail, ach faodar sùil a thoirt air an sgrìobhainn **Creative Scotland's Rates of Pay Guidance document** a tha a' trusadh tùsan stiùiridh air riaghailtean gnìomhachais, ìrean-pàighidh aonaidhean agus còdan cleachdaidh bho phrìomh bhuidhnean treòrachaidh. Tha dùil againn gun toir tagraichean iomradh soilleir air ìre freagarrach de phàigheadh ghnothachais anns na buidseatan aca far a bheil e iomchaidh.

## Cuin a nì mi tagradh?

A' mhaoin a' fosgladh ..... **Diciadain 16 Lùnastal 2023**  
 Ceann-là - ..... **Diardaoin 28 Sultain 2023**  
 Co-dhùnaidhean ..... **w/c 6 Samhain 2023**  
 Pròiseactan a' tòiseachadh ..... **eadar 1 Faoilleach 2024 agus 31 Màrt 2024**  
 Pròiseactan crìochnaichte ..... **31 Màrt 2025**

## Ciamar a thèid iarrtasan a mheasadh?

An toiseach, thèid an t-iarrtas a sgrùdadh airson ion-ròghnachd - bu chòir dèanamh cinnteach gu bheil bun-bheachd a' phròiseict, gnìomhachdan is com-pàirtichean ion-ròghnach dhan mhaoin seo le bhith a' leughadh an stiùiridh agus nam freagairt do cheistean. Cha tèid iarrtasan sam bith nach bi a rèir slatan-tomhais ion-ròghnachd na maoine seo adhartachadh. Ma tha ceistean ann mu ion-ròghnachd gus tagradh a dhèanamh, cuiribh fios thugainn (faic **Duilleag 13**)

Aon uair 's gun tèid an ion-ròghnachd a sgrùdadh, thèid an t-iarrtas a mheas le dithis mheasadair. Breithnichidh iad air an iarrtais a rèir nan ceithir slatan-tomhais a leanas:

### 1. Ùr-ghnàthachas / feum (Bàrr-suime 5 puingeann)

- A bheil an t-iarrtas seo a' sealltainn gur e dòigh-obrach ùr no diofraichte a tha seo air co-obrachadh eadar-nàiseanta?
- A bheil e a' freagairt ri feumalachdan sònraichte làithreach no dùbhlannan nan com-pàirtichean no taobh a-staigh na roinne?
- A bheil e ag amas air dòighean-obrach ùra a dheuchainn a bhios a' freagairt ri aon no barrachd de na cùisean a leanas: ion-ghabhalachd, co-obrachadh cothromach, uallach àrainneachd?

## 2. Structar a' phròiseict (Bàrr-suime 5 puingeann)

- A bheil an t-suim a dh'iarrar agus an tuairisgeul chosgaisean a' coimhead reusanta dhan ghnìomhachd a bhios a' gabhail àite?
- A bheil an loidhne-ama a' coimhead dèantach?
- A bheil e soilleir dè tha a' gabhail àite, cuin agus cò leis?
- A bheil coltas ann gum bi a' bhuaidh no na toraidhean miannaichte aig na gnìomhachdan a chaidh mhìneachadh?

## 3. An com-pàirteachas (Bàrr-suime 5 puingeann)

- A bheil bun-stèidh ann airson taghadh chom-pàirtichean (na sgilean, cleachdadh, gnàth-eòlas aca) agus am bi structar a' chom-pàirteachais a' cuideachadh coileanadh amas a' phròiseict?
- A bheil an com-pàirteachas co-chòrdach - am faigh com-pàirtichean uile buannachd às a' ghnìomhachd?
- A bheil cothroman inntinneach ann air ciamar a dh'fhaodadh an càirdeas eadar na com-pàirtichean seo a leasachadh?

## 4. Comas buaidh (Bàrr-suime 5 puingeann)

- A bheil am moladh a' toirt dreach air comas buaidh na gnìomhachd airson gach com-pàirtichte? Dh'fhaodadh cleachdadh ealanta, cothroman co-obrachaidh teachdail, ìomhaigh eadar-nàiseanta no RA nas motha, no ruigse air margaidhean is luchd-amhairc ùra a bhith an lùib seo.
- A bheil planaichean ann an gnàth-eòlas agus an t-ionnsachadh a cho-roinn leis an roinn chruthachail nas fharsainghe?

**Aon uair 's gun tèid a mheasadh**, thèid an dà sgòr a chunntadh, le sgòr iomlan de 40. Ma thachras e gu bheil an sgòr aig aon mheasadair gu math diofraichte bho sgòr eile, bidh còmhraidh ann gus tighinn gu aonta air sgòr deireannach.

Thèid na h-iarrrasan gu panail mheasadairean às gach comhairle ealain com-pàirteach, far an toir am panail sùil air na h-iarrrasan as àirde a choisinn puingeann. Thèid mu thuairiam 40 gu 50 tabhartas a bhuileachadh. Sna co-dhùnaidhean aca mu dheidhinn nan duaisean deireannach, beachdaichidh luchd-panail air na leanas:

- Iomadachd chultarach
- Sgaoileadh seòrsaichean-ealain
- Iomadachd ceàrnaidh
- Tagraichean aig nach eil inbhe chunbhalach mhaoineachaidh bho gin de na sgeamaichean maoineachaidh aig na comhairlean ealain a leanas: *Buidhnean Uallaich Roinneil aig Arts Council England; Prògram Maoineachaidh Bhiadhnaid aig Arts Council Northern Ireland; Arts Portfolio Wales aig Arts Council Wales; agus Buidhnean a Mhaoineachair gu Cunbhalach aig Alba Chruthachail.*

**Bheirear geàrr ais-mholadh mura h-eil sibh soirbheachail**, air co-dhiù bha sibh ion-ròghnach, no dè pàirt de na slatan-tomhais a bha nas laigse san iarrras. 'S fhiach cuimhneachadh gur e maoin phileatach a tha seo agus tha sinn ag obair le suim caran beag (£320,000) fosgailte do thagraidhean sna ceithir nàiseanan uile, mar sin, dh'fhaodadh a' mhaoin seo farpais mhòr adhbharachadh.

**Ma bhios sibh soirbheachail**, cuirear fios thugaibh ainm a chur air aonta tabhartais agus airson fiosrachadh banca.

Iarraidh sinn cuideachd ceistean a fhreagairt mun phròiseact 30 làithean an dèidh ceann-latha deireannaich na gnìomhachd maoinichte.

## Mar a nithear tagradh

### Sgrìobhainnean taic agus fiosrachadh a bharrachd

Gus a dhèanamh nas fhasa sùil a chumail air na tha a dhìth oirbh, tha na leanas na liosta de na sgrìobhainnean a thèid iarraidh bhuaibh mar phàirt den fhoirm tagraidh.

### Aig àm clàraidh airson tagradh

- **Riatanach:** Fianais air Seòrsa Buidheann/Companaidh/Carthannach: Bidh agaibh ri beagan sgrìobhainnean oifigeil a luchdachadh suas gus daingneachadh dè seòrsa buidhne a th' annaibh. Bu chòir iad sin a chur ris nuair a chlàraicheas sibh an tòiseach agus faodar an ùrachadh san earrann 'Ur Cunntas' sa phortal air-loidhne.

### Mar phàirt den tagradh agaibh

- **Riatanach:** Fiosrachadh/Cunntasan-beatha mu do chuid cleachdaidh is obrach/ mu chleachdadh is obrach na buidhne agaibh
- **Riatanach:** Fiosrachadh/Cunntasan-beatha airson gach com-pàrtaiche san RA agus gach com-pàrtaiche eadar-nàiseanta
- **Riatanach:** Sgrìobhainn taic airson gach com-pàirtiche san RA agus gach com-pàirtiche eadar-nàiseanta a tha an sàs: faodaidh seo a bhith na litir no post-d bhon chom-pàirtiche agaibh a' nochdadh an taic dhan phròiseact seo.
- **Riatanach:** Loidhne-ama a' phròiseict: Faodar an teampaid roghainneil seo a chleachdadh mar stiùireadh dhuibh: **Maoin Eadar-nàiseanta nan Ceithir Nàiseanan | Alba Chruthachail**
- Sgrìobhainnean Taic Eile Faodaidh tagraichean suas ri 5 sgrìobhainnean taic eile a luchdachadh suas mar thaic dhan tagradh aca.

## Am foirm iarrtais air-loidhne againn

Nithear tagraidhean airson Maoin Eadar-nàiseanta nan Ceithir Nàiseanan tro phortal iarrtasan air-loidhne Alba Chruthachail. Thoiribh fa-near leis gu bheil pròiseas an iarrtais fo rian a' phortail air-loidhne aig Alba Chruthachail, gum bi a' mhaoin seo (a tha fosgailte do thagraichean à ceithir nàiseanan na RA air fad) an cois sgeamaichean maoin eachaidh eile a tha fosgailte a-mhàin do thagraichean stèidhichte ann an Alba.

<https://my.creativescotland.com/>

Thoiribh sùil air ar làrach-lìn gus am bithear cinnteach gu bheileas a' cleachdadh an deasachaidh as ùire den stiùireadh againn. Ùraichidh sinn an stiùireadh bho àm gu àm agus bu chòir dhuibh dèanamh cinnteach gu bheil sibh a' cleachdadh an tionnaidh as ùire.

### An do rinn sibh tagradh leis ar làrach air-loidhne agus sibh clàraichte againn mar-thà?

Ma rinn, is urrainn dhuibh dìreach clàradh a-steach dhan làraich, briogadh air 'Maoineachadh' agus a bhith a' taghadh 'Maoin Eadar-nàiseanta nan Ceithir Nàiseanan' bho na prògraman maoineachadh a tha fosgailte do dh'iarrtasan an-dràsta.



### **An e tagraiche ùr a tha annaibh no neach a tha a' clàradh air an làrach air-loidhne airson a' chiad turus?**

Mura eil sibh air tagradh a dhèanamh a' cleachdadh ar portal air-loidhne roimhe seo, agus nach eil sibh air cunntas a chlàradh leinn fhathast, feumaidh sibh cunntas a chruthachadh dhan bhuidhinn agaibh. Rach gu: <https://my.creativescotland.com/signup> agus leanaidh am pròiseas clàraidh simplidh.

Nuair a bhios sibh ri clàradh iarrar oirbh cuid de sgrìobhainnean oifigeil a thoirt seachad mar fhianais dè seòrsa companaidh a tha agaibh. Faodaidh iad seo ùrachadh tron phròiseas tagraidh ach tha iad riatanach agus bidh iad a dhìth oirbh gus tagradh a dhèanamh.

Aon uair is gu bheileas air an tagradh a chuir a-steach, gheibh sibh post-d barantachaidh gus an cunntas a dhearbhadh, faodar an uairsin clàradh a-steach agus cumail a' dol mar a mhìnichear gu h-àrd. Fhad is a choileanas sibh ur tagradh, faodar obrachadh air dreachd de ur tagradh air-loidhne, sabhalaibh e fhad is a thathas a' dol air adhart agus tillibh thuige uair sam bith mus cuirear a-steach e.

### **A bheil taic a dhìth agus sibh a' lìonadh an fhoirm iarrtais air-loidhne?**

Ma tha cuideachadh a dhìth oirbh gus an tagradh air-loidhne a choileanadh air sgàth ciorram no feum ruigsinneachd, faodar bruthadh air putan cuideachaidh 'Cuideachadh Ruigsinneachd' san làrach air-loidhne. Ma bhruthar seo thig fios gun Sgioba Ceist againn mu na feumalachdan agaibh is chan fhada gus an cur neach-fastaidh fios thugaibh. San t-suidheachadh seo, fuirichibh gus an cur sinn fios thugaibh. Nì sinn seo gu sgiobalta agus nì seo cinnteach gum measar ur tagradh agus nach bi bacadh romhaibh.

## **A' lìonadh an fhoirm iarrtais air-loidhne**

'S e na leanas gearr-chunntas den fhoirm iarrtais agus na ceistean a dh'fheumar lìonadh san fhoirm air-loidhne.

### **Earrann na h-obrach agaibh:**

#### **Do dhaoine fa leth:**

- Ciamar a bheireadh sibh cunntas air an dreuchd no a' chleachdadh agaibh taobh a-staigh nan gnìomhachasan ealain is cruthachail? (*Mu 50 faclan*)

An dèidh sin, thèid faighneachd dhuibh ciamar a bu toigh leibh tuilleadh fiosrachaidh innse mun chleachdadh no obair agaibh: le bhith a' luchdadh suas CV (cruth Word no PDF); a' lìonadh bogsa-teacsa am broinn an fhoirm; no le ceangal gu làrach-lìn.

#### **Do bhuidhnean:**

- Leig ris ma thathasa' faighinn càil sam bith de na sgeamaichean maoineachaidh bitheanta a leanas: *Buidhnean Cùraim Roinneil aig Arts Council England; Prògram Maoineachaidh Bhiadhnaid aig Arts Council Northern Ireland; Arts Portfolio Wales aig Arts Council Wales; agus Buidhnean a Mhaoinichear gu Cunbhalach aig Alba Chruthachail.*
- Ciamar a bheireadh sibh cunntas air an dreuchd no cleachdadh agaibh taobh a-staigh nan gnìomhachasan ealain is cruthachail? (*50 faclan*)

An dèidh sin, thèid faighneachd dhuibh ciamar a bu toigh leibh tuilleadh fiosrachaidh innse mu obair no eòlas a' bhuidhinn agaibh: le bhith a' luchdadh suas gearr-chunntas air obair a' bhuidhinn agaibh (cruth Word no PDF); a' lìonadh bogsa-teacsa am broinn an fhoirm; no le ceangal gu làrach-lìn.

## Com-pàirtiche(an) 4 Nàiseanan na RA agaibh

Thoiribh fios air ur prìomh chom-pàirtiche(an) sna ceithir nàiseanan gus blas a thoirt air an obair agus/no cleachdadh aca, agus luchdaichibh suas sgrìobhainn taice do gach com-pàirtiche a bhios a' sealltainn an gealltanais don phròiseact.

Chan eil bhuainn ach aon chom-pàirtiche a bharrachd às aon de cheithir nàiseanan na RA eile, ach faodar fiosrachadh a lìonadh airson an tuilleadh chom-pàirtichean eile mas e seo pàirt den phròiseact agaibh, le bhith a' cliogadh air a' phutan '**cuir ris com-pàirtiche**' gu h-ìosal uiread de thursan a dh'fheumas sibh.

### Airson gach com-pàirtiche na RA:

- Ainm a' chom-pàirtiche
- A bheil iad nan neach fa-leth/neach-malairt aonair no nam buidheann?
- Cò às na ceithir nàiseanan anns a bheil iad stèidhichte?
- Dè an còd-puist aca?
- **RIATANACH:** Luchdaichibh suas sgrìobhainn Word no PDF a bheir foir-shealladh air obair agus/no cleachdadh roimhe a' chom-pàirtiche
- **RIATANACH:** Luchdaichibh suas sgrìobhainn taice a bhios a' sealltainn an gealltanais don phròiseact (post-dealain no litir)

### Airson gach com-pàirtiche eadar-nàiseanta:

- Ainm a' chom-pàirtiche eadar-nàiseanta
- A bheil iad nan neach fa-leth/neach-malairt aonair no nam buidheann?
- Cò an dùthaich sa bheil iad stèidhichte?
- Dè am baile / baile-mòr / roinn?
- **RIATANACH:** Luchdaichibh suas sgrìobhainn Word no PDF a bheir foir-shealladh air obair agus/no cleachdadh roimhe a' chom-pàirtiche
- **RIATANACH:** Luchdaichibh suas sgrìobhainn taice a bhios a' sealltainn an gealltanais don phròiseact (post-dealain no litir)

## Am pròiseact agaibh - mion-fhiosrachadh bunaiteach

- Dè an t-ainm a tha air a' phròiseact no a' ghnìomhachd agaibh?
- Ceann-là tòiseachaidh na gnìomhachd  
(**Gun a bhith nas tràithe na 1 Faoilleach 2024 no nas anmoiche na 31 Màrt 2024**)
- Ceann-là crìochnachaidh na gnìomhachd  
(**Gun a bhith nas anmoiche na 31 Màrt 2025**)
- Prìomh foirm-ealain / raon
- Innsibh dhuinn de an riochd-ealain no rao(i)n(tean) cruthachail as fheàrr a mhìniches am pròiseact / gnìomhachd seo. Faodar barrachd air aon a thaghadh, mas ann as fheàrr a mhìniches e amas a' phròiseict agaibh.
- Seòrsaichean-Ealain Eile
- Mas iomchaidh, dè na seòrsaichean-ealain no raointean cruthachail eile a tha am pròiseact a' gabhail a-steach?
- Geàrr-chunntas a' phròiseict
- Thoiribh dhuinn geàrr-chunntas air na tha an rùn agad a dhèanamh, a' gabhail a-steach cò, càite is cuin. A bheil e pearsanta, didseateach, no tar-chinealach? (mu 250 faclan)

## Am pròiseact agaibh - loidhne-ama agus buidseat

- **Loidhne-ama a' phròiseict**  
Luchdaichibh suas sgrìobhainn (cruth Word no pdf) le clàr a' liostadh prìomh ìrean agus gnìomhan a' phròiseict bhon cheann-là tòiseachaidh air adhart. Faodar an teampalaid roghainneil seo a chleachdadh mar stiùireadh dhuibh: **Four Nations International Fund | Creative Scotland**
- **Suim a dh'iarrar (£)**  
Innsibh dhuinn an t-suim iomlan a tha sibh ag iarraidh oirnn (£1000 as lugha, £7,500 as motha), ach na gabhaibh a-steach cosgaisean inntrigidh a dh'fhaodadh sibh iarraidh.
- **Cosgaisean inntrigidh (£)**  
A bheileas ag iarraidh cosgaisean inntrigidh cuideachd? Ainmichibh na cosgaisean inntrigidh iomlan a dh'iarrar.

\* 'S e **cosgaisean inntrigidh** cosgaisean neo-ealanta a tha ag amas air bacaidhean a thoirt air falbh gus an trèid sibh an sàs ann, cuideigin leis a bheileas ag obair no a thathas a' fastadh, no com-pàirtichean no luchd-amhairc a' dol an sàs anns a' phròiseact no gnìomhachd agaibh.

**Chan eil na cosgaisean seo a' cunntadh a dh'ionnsaigh an iarraidh iomlan agaibh nuair a chunntar dè bann-maoineachaidh dha bheileas a' cur iarrtas.** Gheibhear barrachd fiosrachaidh mu chosgaisean inntrigidh anns na ceistean airson na maoine seo.

## Do phròiseact - clàr-ama agus buidseat - teachd a-steach

### Clàr Buidseat Teachd a-steach

Lìonaibh an clàr seo ma tha sibh air daingneachadh gu bheil maoinachadh a bharrachd agaibh bho chom-pàirtichean no bho thùsan eile. Thoiribh fa-near nach eil seo riatanach.

## Do phròiseact - clàr-ama agus buidseat - caiteachais

### Tuairisgeul chosgaisean

Lìonaibh a' bhùird bhuidseit air-loidhne a' cleachdadh nan seòrsachan a leanas (far a bheil iomchaidh) bhon chlàr-taice teàrnach:

- Cosgaisean ealanta / cosgaisean cruthachail (a' gabhail a-steach bun-tomhasan gnìomhachais)
- Cosgaisean proifeiseanta/ leasachadh buidhne
- Cosgaisean uidheamachd/ so-mhaoinean
- Cosgaisean margaidheachd / Leasachadh luchd-amhairc
- Cosgaisean rianachd
- Cosgaisean Ruigsinneachd a' Phròiseict
- Cosgaisean eile

*Thoiribh sùil air an earrainn 'Cosgaisean nach gabh a thoirt a-steach' air **duilleag 5**.*

Thoiribh an aire gu bheil na roinnean buidseit a' leantainn nan roinnean coitcheann a thathar a' cleachdadh anns a h-uile foirm air-loidhne aig Alba Chruthachail. Airson na mhaoin seo dh'fhaodte gum bi sibh mar as trice a' cleachdadh na roinn '**cosgaisean eile**' airson caiteachas gnìomhachd leithid siubhal, àite-fuirich, bhiosathan, cosgaiseach bith-beò/per diem, cosgaisean co-obrachaidh didseatach, àrachas, eadar-theangachadh, màl air stiùidio/ ionad, is msaa. Na gabhaibh dragh gun tèid cogaisgean ruigsinneachd a chomharrachadh mar 'chosgaisean ruigsinneachd pearsanta' - faodaidh iad sin a bhith a' gabhail a-steach an dà chuid cosgaisean ruigsinneachd pearsanta agus cosgaisean ruigsinneachd pròiseict. Faodaidh sibh barrachd fiosrachaidh a chur ann mu na cosgaisean seo ann an sgrìobhainn clàr-ama a' phròiseict.

## Am pròiseact agaibh - ùr-ghnàthachas agus feum

Dè an dòigh sa bheil a' ghnìomhachd seo a' feuchainn rud ùr agus/no a' dèiligeadh ri feumalachdan no dùbhlannan làithreach? (*mu 200 faclan*).

Thoiribh sùil air na riatanasan measaidh nuair a fhreagras sibh a' cheist seo airson comhairlean cuideachail mu dè a th' agaibh ri innse dhuinn.

## An com-pàirteachas agaibh

Nuair a thathas a' freagairt nan ceist seo, thoir sùil air na slatan-tomhais mheasaidh airson beachd air dè ris a bhios measadairean an dùil san earann seo.

- Carson a tha sibh agus na com-pàirtichean agaibh ag obair còmhla? *(mu 250 faclan)*
- Innsibh dhuinn carson a tha am pròiseact seo cudromach do gach com-pàirtiche a tha an-sàs agus dè na buannachdan a tha sibh am beachd faicinn bhon phròiseact seo. *(mu thuaiream 250 facal)*

## Taic a dhìth?

Tha Alba Chruthachail a' stiùireadh pròiseas iarraidh na maoin seo às leth comhairlean ealain nan ceithir nàiseanan. Tha sinn an seo gus taic a thoirt dhuibh tron phròiseas. Mus deasaich sibh tagradh, ma tha ceistean coitcheann agaibh mun phròiseas tagraidh, stiùireadh no foirm tagraidh, nam measg, ceistean teicnigeach mu ar pròiseas tagraidh air-loidhne, cuiribh fios gu Kate Deans no Jonathan McLean aig Alba Chruthachail gus bruidhinn air beachdan no ceistean sam bith.

Faodar seo a dhèanamh le post-d, tron làrach-lìn againn no leis na meadhanan sòisealta.

**Post-d:** [fournationsinternational@creativescotland.com](mailto:fournationsinternational@creativescotland.com)

**Làrach-lìn:** Lìon foirm [oair an làrach-lìn againn](#)

**Twitter:** Cuiribh tweet thugainn [@creativescots](#)

## Am feum sibh cuideachadh no taic ruigsinneachd mus dèan sibh tagradh?

Tha Alba Chruthachail airson a bhith cinnteach gu bheil ar pròiseasan tagraidh soilleir agus ruigsinneach do na h-uile.

### Tha diofar dhòighean againn taic a chumail ribh gus ur tagradh a dhèanamh:

- 'S urrainn dhuinn stiùireadh a thabhann do thagraichean mun phròiseas tagraidh
- Tha taic ruigsinneachd ri faighinn do thagraichean B/bodhar agus do dhaoine air a bheil ciorram, a rèir iarrtais gach neach fa leth. An lùib ar taic, gheibhear Eadar-theangairean Cànain Soidhnidh beò agus taic sgrìobhaidh do thagraichean le dyslexia.
- Tha fiosrachadh ri fhaighinn ann an diofar chruthan (nam measg, clò mòr, Braille, Easy Read, clàr èisteachd agus cànain eile leithid Gàidhlig agus BSL)
- Gabhaidh sinn ri tagraidhean agus stuthan-taice air an sgrìobhadh ann am Beurla, Gàidhlig no Albais
- Bidh sinn a' tabhann cuairtean-iùil bhidio de ar foirmean tagraidh air-loidhne
- Tha taic phearsanta a bharrachd ri fhaighinn do dhaoine aig a bheil feuman ruigsinneachd

**Ma tha taic no tuilleadh fiosrachaidh a dhìth oirbh**, no ma tha ceistean coitcheann agaibh mun mhaoin agus ciamar a chuirear iarrtas a-steach, leigibh fios don t-Seirbheis Fiosrachaidh againn a bheir dhuibh comhairle no a nì ceangal eadar sibh fhèin is neach de na h-oifigich againn.

## A' cur fios gu ar seirbheis fiosrachaidh

Ma tha sibh ag iarraidh cuideachadh, fios air co-dhiù tha sibh fhèin agus/no am pròiseact agaibh ion-ròghnach, no nam bu toigh leibh bruidhinn air ceistean mun mhaoin seo, cuiribh fios gu ar Seirbheis Fiosrachaidh.

**Post-d:** [enquiries@creativescotland.com](mailto:enquiries@creativescotland.com)

**Lìon:** Lìonaibh foirm air ar [làrach-lìn](#).

Tha amas againn ceistean a fhreagairt cho luath 's a tha comasach, agus nì sinn sin gu deimhinn taobh a-staigh 10 làithean obrach. Ma bhios ur ceist èiginneach, innsibh dhuinn agus thig sinn air ais thugaibh cho luath is a ghabhas. Ma tha sibh ag iarraidh bruidhinn ri cuideigin, thoiribh dhuinn ur n-àireamh agus cuiridh sinn àm air dòigh airson ball de sgioba fònadh air ais thugaibh.

## Dion Dàta

Feumaidh Alba Chruthachail beagan fiosrachaidh pearsanta mur deidhinn/mu dheidhinn ur buidhne gus beachdachadh air ur tagradh airson maoin eachaidh. Às aonais an fhiosrachaidh cha tèid aig Alba Chruthachail air ur tagradh a thoirt air adhart.

Nam bu mhath leibh coimhead air mion-chunntas dhen fhiosrachadh phearsanta a dh'fheumas sinn, carson a dh'fheumar e, agus dè nì sinn leis an fhiosrachadh sin agus dè cho fada 's a ghlèidheas sinn e, thoiribh sùil air ar Brath Prìobhaideachd, ri fhaighinn air-loidhne [www.creativescotland.com/privacy-policy](http://www.creativescotland.com/privacy-policy).

Faodaidh Alba Chruthachail ur fiosrachadh pearsanta a cho-roinn le treas-phàrtaidhean gus gèilleadh ris an lagh agus/no airson com-pàirtean laghail againn agus/no aig na treas-phàrtaidhean sin.

Far am buin am fiosrachadh pearsanta a thugadh dha Alba Chruthachail do chàch, thoiribh sùil air a' Bhrath Phrìobhaideachd aig Alba Chruthachail. Dèanaibh cinnteach an Sanas Prìobhaideachd seo agus am Brath Prìobhaideachd aig Alba Chruthachail a cho-roinn leis an duine/na daoine seo.

Tha còraichean agaibh a thaobh an fhiosrachaidh phearsanta a tha aig Alba Chruthachail mur deidhinn fo lagh dìon dàta. Tha fiosrachadh air mar a chleachdar na còraichean seo nar Brath Prìobhaideachd no faodar fios a chur dhan **Oifigear Dion Dàta** againn.

Ma tha draghan oirbh a thaobh mar a làimhsich Alba Chruthachail ur fiosrachadh pearsanta, bu chòir dhuibh fios a chur gu Oifigear Dion an Dàta againn sa chiad dol a-mach, oir chuireamaid fàilte air a' chothrom obair còmhla ri bhith gus gearan sam bith a rèiteachadh. Ma thathas fhathast mì-riaraichte, faodar gearan a chur gu **Oifis Coimiseanair an Fhiosrachaidh**.

## A' togail gearan

Mar bhuidhinn, bidh sinn an-còmhnaidh ag èisteachd 's a' freagairt cùram sam bith a dh'fhaodadh a bhith agaibh. Ma thathas airson gearan a thogail mun dàrna cuid an t-seirbheis a fhuair sibh bho Alba Chruthachail no an dòigh sa bheil sinn air dèiligeadh ris an iarrtas, tha pròiseas againn as urrainn dhuibh cleachdadh. Thoiribh an aire nach eil pròiseas ath-thagraidh aig Alba Chruthachail agus 's ann air an adhbhar seo nach urrainn dhuinn a ghabhail ri gearanan mu dheidhinn a-mhàin a' cho-dhùnaidh a tha sinn air dhèanamh seach mar a rinn sinn e. Airson barrachd fiosrachaidh, nach tèid sibh dhan earrann den làrach-lìn againn air a bheil Gearanan:

[www.creativescotland.com/resources/our-publications/policies/complaints-handling](http://www.creativescotland.com/resources/our-publications/policies/complaints-handling)

## Saorsa an Fhiosrachaidh

Tha Alba Chruthachail an geall air a bhith cho fosgailte 's a' ghabhas. Saoilidh sinn gu bheil còir fios a bhith aig a' phoball ciamar a chosgais sinn ionmhas poblach agus a nì sinn co-dhùnaidhean a thaobh maoineachaidh. Faodaidh sibh coimhead air an dòigh a dhèiligeas sinn ri Saorsa Fiosrachaidh tron làrach-lìn againn an seo: [www.creativescotland.com/foi](http://www.creativescotland.com/foi). Tha sinn air ar clàradh mar ùghdarras poblach fo Achd Saorsa an Fhiosrachaidh (Alba) 2002. A rèir an lagha, dh'fhaodamaid na sgrìobhainnean iarrais agaibh agus fiosrachadh mun mheasadh againn a thoirt dha ball sam bith den phobail a dh'iarrais am faicinn fo Achd Saorsa an Fhiosrachaidh (Alba) 2002. Faodar nach fuasglamaid na pàirtean sin de na sgrìobhainnean a tha fo aon no barrachd de na saorsachdan fon Achd. Faicibh làrach-lìn Saorsa an Fhiosrachaidh aig [www.itspublicknowledge.info](http://www.itspublicknowledge.info) airson fios mun Achd san fharsaingeachd agus mu na saorsachdan. Chan fhuasgail sinn fiosrachadh sam bith mu thagraidhean tro àm a' mheasaidh, oir ma dh'fhaoidte gun cuir sin a-steach air a' phròiseas co-dhùnaidh.

## Riaghladh thabhartasan

Mar bhuidheann poblach feumaidh Alba Chruthachail cumail ris na riaghailtean smachd taic-airgid ann an Achd Rianachd Taic-airgid 2022 agus san Aonta Malairt is Co-obrachaidh eadar Riaghaltas na RA agus an Aonadh Eòrpach. Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh aig rèim smachd subsadaidhean na RA - GOV.UK ([www.gov.uk](http://www.gov.uk)).

Bidh uallach air neach sam bith a gheibh duais tron mhaoin seo aithneachadh gun tig an taic-airgid às an sporan poblach agus innse gu bheil an taic a fhuireadh a rèir nan riaghailtean Smachd air Taic-airgid. Far am bi e iomchaidh, feumaidh an neach a gheibh tabhartas aontachadh gum foillsich Alba Chruthachail fiosrachadh mun tabhartas agus gun cùm an neach-gabhail leabhraichean an ìre mhath mionaideach gus nochdadh gu bheileas a rèir riaghailtean Smachd air Taic-airgid agus gun toir iad seachad na leabhraichean sin do Alba Chruthachail ma thig iartras reusanta. Mas e is gum measar mar bhriseadh air riaghailtean Smachd air Taic-airgid, is dòcha gum feum an neach-gabhail an tabhartas gu lèir a phàigheadh air ais (agus ionmhas dligheach sam bith eile) sa bhad.



Waverley Gate  
2-4 Waterloo Place  
Edinburgh EH1 3EG  
Scotland UK

—

The Lighthouse  
Mitchell Lane  
Glasgow G1 3NU  
Scotland UK

[www.creativescotland.com](http://www.creativescotland.com)  
[enquiries@creativescotland.com](mailto:enquiries@creativescotland.com)



Ùrachadh mu dheireadh: An Lùnastal 2023